



CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD



Còir-Sheilbh Pasgan Fiosrachaidh



Contents

Còir-Sheilbh ann an Croitearachd	4
Buannachdan an lùib croit a chumail suas san sgìre ionadail	5
Mar a chuireas sibh ur croit air adhart fhad 's a tha sibh beò	6
Mar mhàladair croite, faodaidh sibh iarrtas a chur a-steach gus ur croit a shònradadh	6
Mar chroitear sealbhadar-còmhnaidh*, faodaidh sibh sealbh air an fhearrann a għluasad le neach-lagħa	6
Còir-sheilbh air ur croit: Na bu chòir dhuibh cumail air chuimhne	7
Ur Dileabach	7
Taigh air a' Chroit	7
Roinn na Croite	8
Clàradh na Croite	8
Ùghdarris Neach-Ionaid	8
A bheil sibh airson iarrtas a chur a-steach gus ur Croit a thoirt air Fho-Mhàl?	8
A bheil sibh airson iarrtas a chur a-steach gus an gabh cuideigin a' Chroit air Às-Mhàl Goirid?	8
Ur Tiomnad: A' Planadh na thachras dhan croit agaibh	9
Prìomh Phuingean ann an Tiomnaidhean Croite	9
Còir-Sheilbh air Croit gun Tiomnad	9
Goireasan Fiosrachaидh Eile	10
Làrach-Lin Coimisean na Croitearachd	10
Ur n-Uachdaran	10
Maoineachadh bho Sheirbheis Comhairleachaidh nan Tuathanas	10
Seirbheis Co-Fhreagairt Fearann na h-Alba	10
Comhairle Shaoranaich na h-Alba	10
Institiud Rìoghail Fiùghanta Àiteachais na h-Alba (RSABI)	10
Comann Lagħ na h-Alba	10

Còir-Sheilbh ann an Croitearachd

'S e còir-sheilbh am pròiseas leis an cuir cuideigin maoin (croit) air adhart ro dheireadh a làithean no na Thiomnadh. Nuair a thig e gu croitearachd, tha còir-sheilbh glè chudromach agus 's fhiach beagan smaoineachaidh a thoirt dha, ge bith dè an suidheachadh a th' agaibh andràsta no an aois a tha sibh.

Tha àite deatamach aig croitearachd air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Tha miann mhòr ann airson chroitean, mar sin tha croitean nach eilear a' cleachdad nan cothrom cailte. Mar as fhaide nach tèid croit obrachadh, 's ann as miosa a dh'fhàsas staid an fhearrainn, nam feansaichean, nan togalaichean agus an drèanaidh. Fàgaidh seo nas duilghe agus nas daoire e dhan ath chroitear a' chroit a thoirt air ais gu feum.

Nuair a thig an t-àm far nach eil sibh a' cleachdad ur croit tuilleadh, bidh iomadh buannachd ann dhuibhse agus dha ur dileaba(i)ch ma roghnaicheas sibh a' chroit a chur air adhart fhad 's a tha sibh beò (còir-sheilbh rè ur beatha).

Buannachdan ann an Còir-Sheilbh rè ur Beatha

- Bidh ur rùintean soilleir agus gabhaidh an coileanadh ro dheireadh ur làithean
- Thèid a' chroit a chur air adhart dhan chroitear ùr anns an staid as fheàrr 's a ghabhas, gus an tèid a cumail suas
- Gabhaidh còir-sheilbh gun tiomnadh ann a sheachnad (tuilleadh fiosrachaidh gu h-ìosal)
- Bidh an cothrom agaibh sùil a chumail air a' phróiseas
- Faodaidh sibh ur cuid eòlais agus fiosrachaidh air croitearachd a cho-roinn ris a' chroitear ùr a thaghlas sibh
- Gabhaidh connspaid eadar dìleabaich sam bith a sheachnad
- Chì sibh a' chroit ann an làmhan ùra a thuilleadh air an iomadh buannachd a dh'haodas an sgìre a chosnadhs às



Buannachdan an lùib croit a chumail suas san sgìre ionadail



Eaconomaidh

- Grantaichean-àiteachais airson sprèidh no gus bàrr fhàs
- Airgead air a chosg sa choimhearsnachd ionadail
- Faodaidh croitearan gnòmhachasan a ruith bho na croitean aca, m.e. turasachd-thuathanachais
- Cothrom air maoineachadh-àiteachais agus sgeamaichean taice do chroitearan
- Dh'fhaodadh gum bi grunn dhaoine a' fuireach ann an taigh-chroitearachd, 's iad uile a' coimhead às dèidh na croite agus a' cur ris an economaidh dhùthchail
- Cothroman air cumhachd ath-nuadhachail air fearann-croite
- Nuair a thèid ionaltraidhean coitcheann a làimhseachadh gu deimhinneach, faodaidh seo cothroman a chruthachadh airson an leasachadh



Àrainneachd

- An cothrom bith-iomadachd a chumail agus a thogail
- Thèid fearann-croite a chumail ann an deagh staid airson ginealaichean an latha an-diugh agus ri teachd
- Tha buannachd àrainneachdail dhan chruth-tire an lùib croitearachd, air sgàth na buaidh aotrom a thig an cois stiùireadh-fearainn dhen t-seòrsa seo
- Thig lùghdachadh air an astar a thèid biadh a ghiùlan, 's biadh a' fàs gu h-ionadail



Cultar

- Tha an cultar an lùib croitearachd na phàirt sònraichte de dhualchas cultarail na h-Alba agus bithear ga ghlèidheadh
- Thèid eòlas ionadail air croitearachd a thogadh thar iomadh ginealach a chur air adhart gu croitearan ùra



Coimhearsnachd

- An cothrom taighean a thogail gus an sluagh àrdachadh no a chumail
- A' cuideachadh le cumail suas no leasachadh bun-structar agus goireasan na coimhearsnachd leithid sgoiltean, bùthan agus seirbheisean coimhearsnachd eile, tro bhith a' cumail daoine san sgìre
- Croitearan a' leasachadh dòighean-obrach co-obrachail agus gnòmhan, uidheamachd agus sgilean croitearachd coitcheann gan roinn a-mach
- Faireachdainn làidir de choimhearsnachd agus amasan coitcheann
- Le taic bho chroitearan gnòmhach, thèid lonaltraidhean Coitcheann a làimhseachadh gu math, 's comataidh-ionaltraidh air a stèidheachadh.

Mar a chuireas sibh ur croit air adhart fhad 's a tha sibh beò

Mar mhàladair croite, faodaidh sibh iarrtas a chur a-steach gus ur croit a shònachadh

'S e sònachadh an **gluasad maireannach** de ghabhlas gu neach a roghnaicheas sibh fhèin, le cead Coimisean na Croitearachd. Faodaidh e a dhol gu ball-teaghlaich, no faodaidh sibh ur gabhlas a għluasad – air prìs ris an aontaich sibh – gu neach-gabħail a mħolas sibh fhèin. Airson tuilleadh fiosracha idh air Sònachadh, nach tadħill sibh air an lārach-lìn agaġġ.



Bu chòir dhuibh an-còmhnaidh comhairle lagħail, neo-eisimeileach a shireadh mus gluais sibh croit (fo għabħlas no ann an sealbh), oir 's ann maireannach a tha gluasad na croite, gun tioñnadħha air ais, ged a dh'atharraicheadh sibh ur n-inntinn.

Mar chroitear sealbhadair-còmhnaidh*, faodaidh sibh sealbh air an fhearran a għluasad le neach-lagħa

Thatħar a' moladh gun cuir sibh brath gu neach-lagħa aig a bheil eòlas agus fiosrachadh air mar a thèid còir-sheilbh air croitean a lāimhseachadh. Gheibh sibh taic bho Chomann Lagħ na h-Alba airson neach-lagħa a lorg a tha eòlach air croitearachd. Nach tadħill sibh air an lārach-lìn aca aig www.lawscot.org.uk

Bu chòir dhan chroitear ùr fios a chur chun a' Choimisein mun atharrachadh air an t-sealbh. Tha tuilleadh fiosracha idh ri fhaotainn air lārach-lìn Coimisean na Croitearachd air mar a chuirear brath a-steach mun atharrachadh air an t-sealbh air a' chroit.

* *Croitear sealbhadair-còmhnaidh: Croitear aig a bheil sealbh air a' chroit far a bheil iad a' fuireach*



Còir-sheilbh air ur croit: Na bu chòir dhuibh cumail air chuimhne

Ur Dileabach

Nuair a thaghas sibh ur dileabach, tha sinn a' moladh gum bruidhinn sibh riutha mu na tha sibh an dùil dèanamh, 's sibh a' beachdachadh an dà chuid air a' mhiann acasan a bhith nan croitear agus air na comasan aca dleastanasan a' chroiteir a choileanadh.

Tha na dleastanasan seo sgrìobhte ann an reachdas, 's iad a' toirt a-steach na leanas:

- Gum feumar a bhith a' fuireach air a' chroit no taobh a-staigh 32 cilemeatair bhuaipe
- Dleastanas gun dearmad a dhèanamh air a' chroit
- Dleastanas a' chroit àiteachadh agus a chumail suas no a chur gu feum susbainteach eile

Mur h-eil dileabach fa-near dhuibh, tha fiosrachadh aig Seirbheis Co-Fhreagairt Fearann na h-Alba (SLMS) mu dhaoine a tha a' sireadh cothrom ann an croitearachd. Cuideachd, tha i na h-àite far an gabh cothroman a chlàradh, rud a dh'fhaodadh a bhith inntinneach do chroitearan ùra. www.slms.scot

Taigh air a' Chroit

Nuair a thig e gu còir-sheilbh, tha e na għnoħach cudromach do chroitearan gu bheil taigh air a' chroit. A rēr an t-suidheachaidh agaibh, mas e còir-sheilbh rè ur beatha a tha fa-near dhuibh, dh'fhaodadh gum bi e cudromach ullachadh a dhèanamh a thaobh an taighe. Thathar an dòchas gun tèid an suidheachadh a shoilleireachadh agus na draghan seo fhuasgladh leis an fħiosrachadh a leanas.

An toiseach, tha e glè chudromach gu bheil fios agaibh dè an inbhe a th' aig an taigh air a' chroit. Mur h-eil sibh cinnteach, nach rannsaich sibh a' chroit ann an **Clàr na Croitearachd** (chì sibh earrann a thaobh dì-chroitearachd aig bonn na duilleig seo), no cuiribh fios dìreach chun a' Choimisein.

Ma tha an taigh **air a dhì-chroiteadh** (air a thoirt air falbh bho chroitearachd), **cha toir** atharrachadh sam bith a nì sibh air a' chroit buaidh air an taigh.

Mur h-eil an taigh air a dhì-chroiteadh, **bheir** atharrachadh no plana sam bith a nì sibh a thaobh na croite buaidh air an taigh cuideachd.

Mas e còir-sheilbh rè ur beatha a tha fa-near dhuibh, 's sibh ag iarraidh a' chroit a chur air adhart **as àonais** an taighe, dh'fhaodadh gu bheil sibh airson an taigh a dhì-chroiteadh mus sònraich sibh an gabhaltas no mus gluais sibh an sealbh air.

Ma tha sibh airson sealbh air a' chroit a shònráchadh no a għluasad, 's taigh na croite fhathast na phàirt dhen chroit ach sibh airson fuireach ann gus am bàsaich sibh, gabhaidh aonta mail fhad-bheatha a chur air chois le neach-lagħa. *Thoiribh an aire gum faod seo buaidh a thoirt air comas ur dileabach grant fhaighinn airson taigh ùr fo Sgeama Grantaicean nan Taighean-Croite (CHGS), leis gur e an taigh a th' ann an-dràsta a chunntadh mar an taigh-croite reachdail.*

Ma tha sibh airson an taigh a chumail mar phàirt dhen chroit agus an taigh agus a' chroit a chur air adhart gu daoine fa leth às dèidh ur bàis, feumaidh sibh seo innse gu soilleir nur Tiomnad. Feumaidh ur Neach-Cùraim Tiomnaidh iarrtas air roinn ("Division by Executor Application") a chur a-steach às dèidh ur bàis.

Roinn na Croite

Ma thogras iad, faodaidh croitearan na croitean aca a roinn mus tig e gu còir-sheilbh. Dh'haodadh gu bheil sibh airson seo a chumail air chuimhne ma tha barrachd air aonar dhileabach fa-near dhuibh. Tha e cudromach gun cuimhnich sibh nach fhaod sibh a' chroit a shònachadh ach do dh'aon neach ainmichte. Tha am pròiseas-roinn eadar-dhealaichte a rèir inbhe a' chroiteir. Tha tuilleadh fiosrachaидh ri fhaotainn air an làrach-lìn againn.

Clàradh na Croite

Mur h-eil ur croit clàraichte mu thràth, no mura feum sibh clàradh a dhèanamh mar phàirt dhen iarrtas no dhen bhrath a tha sibh a' cur còmhla, dh'haodadh gu bheil sibh airson beachdachadh air ur croit a chlàradh gu saor-thoileach ann an Clàr na Croiteachd le Clàran na h-Alba. Tha an clàradh seo stèidhichte air plana ur croite. Tha cis ri phàigheadh do Chlàran na h-Alba (£90 aig an àm seo) nuair a chlàras sibh ur croit airson a' chiad uair. Bidh cìs a bharrachd de £90 ri phàigheadh ri linn atharrachaidhean às dèidh làimh, nam measg roinn, sònachadh no dì-chroiteadh. Tha tuilleadh fiosrachaيدh ri fhaotainn air làrach-lìn Clàr na Croiteachd aig www.crofts.ros.gov.uk

Ùghdarris Neach-Ionaid

'S ann tro chur air dòigh Ùghdarris Neach-Ionaid a gheibh sibh fois-inntinn gum bi neach earbsach os cionn nan gnothaichean agaibh ma bhios feum ann. Tha tuilleadh fiosrachaيدh ri fhaotainn an seo: publicguardian-scotland.gov.uk

A bheil sibh airson iarrtas a chur a-steach gus ur Croit a thoirt air Fho-Mhàil?

'S e am briathar fo-mhàladh a thathar a' cleachdad gus iomradh a thoirt air suidheachadh far am faod màladair-croite

iarrtas a chur chun a' Choimisein gus am faod neach eile – fad ùine shuidhichte – obair air a chroit air fad, no air pàirt sam bith dhith, agus/no air na h-earrannan ann an ionaltradh coitcheann. A thaobh còir-sheilbh, faodaidh an cleachdad seo a bhith feumail gus am faod an dìleabach a dh'ainmicheas sibh tùiseachadh air a' chroit obrachadh, 's màladair fhathast ann. Faodaidh seo a bhith feumail cuideachd airson dèanamh cinnteach gun tèid a' chroit obrachadh le neach eile fad greis shuidhichte, mur h-eil e comasach dhan dìleabach a thaghlas sibh an gabhalas a ghabhail thairis agus an cuid dhleastanasan croiteachd a choileanadh.

Mar is trice, 's e poileasaidh a' Choimisein gum bi crìoch-ùine de 5 bliadhnaichean no nas lugha air aontaidhean fo-mhàladh a thaobh iarrasan le croitearan nach eil a' còmhnaidh air na croitean aca. Chan eil an Coimisean a' meas fo-mhàladh mar fhuasgladh fad-ùine nuair a thig e gu neo-chòmhnaidh air croit. Air an làrach-lìn againn, tha tuilleadh fiosrachaيدh ri fhaotainn air Fo-Mhàladh, na foirmean-iarrtais agus comhairle.

A bheil sibh airson iarrtas a chur a-steach gus an gabh cuideigin a' Chroit air Às-Mhàil Goirid?

'S e am briathar às-mhàil goirid a thathar a' cleachdad nuair a tha croitear sealbhadair-còmhnaidh a' toirt a' chroit aige/aice air mhàl do mhàladair airson ùine nach eil nas fhaide na 10 bliadhna. (Mar is trice, 's ann ri 5 bliadhnaichean no nas lugha a bhios an Coimisean a' cuingealachadh às-mhàil goirid mur h-eil an croitear sealbhadair-còmhnaidh a' fuireach ann). Air an làrach-lìn againn, tha tuilleadh fiosrachaيدh ri fhaotainn air Às-Mhàil Goirid, foirmean-iarrtais agus comhairle.

Air làrach-lìn a' Choimisein, www.crofting.scotland.gov.uk, tha tuilleadh fiosrachaيدh agus comhairle ri fhaotainn air na seòrsaichean de dh'iarrtas agus na pròiseasan a th' air an ainmeachadh san leabhran seo.

Ur Tiomnad: A' Planadh na thachras dhan croit agaibh

Nam b' fheàrr leibh ur croit a chumail fhad 's a tha sibh beò, bu chòir fios a bhith agaibh gum feum sibh cumail ris a h-uile dleastanas croitearachd, nam measg an dleastanas a' chroit àiteachadh, fhad 's a tha sibh nur croitear.

Tha e cudromach gun sgrìobh croitearan Tiomnad, 's e a' toirt a-steach a' chroit agus earrann(an) ionaltraidh sam bith. Thathar a' moladh gun cuir sibh brath gu neach-lagha aig a bheil eòlas agus fiosrachadh air mar a thèid Tiomnaidhean a bheir iomradh air croitean a làimhseachadh. Gheibh sibh taic bho Chomann Lagh na h-Alba gus neach-lagha a lorg a tha eòlach air croitearachd. Nach tadhail sibh air an làrach-lìn aca aig www.lawscot.org.uk

Priomh Phuingean ann an Tiomnaidhean Croite

1. Bithibh cinnteach gu bheil an neach-lagha a chleachdas sibh eòlach air mar a thèid gnothaichean croitearachd ann an Tiomnad a làimhseachadh.
2. Bithibh cinnteach gu bheil fios agaibh dè an inbhe a th' aig ur croit (a bheil sibh nur Màladair no nur Sealbhadair-Còmhnaidh).
3. Bithibh cinnteach gu bheil fios agaibh dè an inbhe a th' aig earrannan ionaltraidh

sam bith (a bheil iad nam pàirt de ghabhaltas na croite no nan earrannan fa leth). Gabhaidh sgrùdadhbh a dhèanamh air inbhe ur croite agus ur n-earrannan air duilleag Clàr na Croitearachd air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd.

4. Bithibh soilleir a thaobh cò dha a thiomnaicheas sibh a' chroit.
5. Bithibh cinnteach gun tèid earrannan ionaltraidh a làimhseachadh san Tiomnad, gu h-àraid mas e earrannan fa leth a th' annta (Croit air a Measadh).
6. Bithibh soilleir a thaobh cò gheibh an taigh air a' chroit, ma chaidh a dhì-chroiteadh (Ma tha an taigh fhathast na phàirt dhen chroit, dh'fhaodadh gur e an neach a gheibh a' chroit an neach a gheibh taigh na croite cuideachd).
7. Ùraichibh ur Tiomnad nach gabh a thoirt gu buil, tuitidh gabhaltas na croite ann an staid far nach eil Tiomnad èifeachdach ann ("intestacy"). 'S e raon iom-fhillte dhen lagh a th' ann an còir-sheilbh air croit gun Tiomnad ann; uaireannan bheir e ùine mhòr airson faighinn gu fuasgladh. Aig amannan chan eil slighe air adhart soilleir ann a thaobh na còrach-seilbh, agus uaireannan bidh ùidh aig grunn bhuidhnean anns a' ghabhaltas. Faodaidh e a bhith daor cuideachd. Mur h-eil Tiomnad èifeachdach ann, is tric nach gluais a' chroit dìreach chun an neach ris an robh sibh an dùil no a bha fa-near dhuibh mar dhileabach. Mar sin tha e glè chudromach gu bheil plana còir-sheilbh ann airson ur croit.



Còir-Sheilbh air Croit gun Tiomnad

Nuair a bhàsaicheas croitear gun Tiomnad no le Tiomnad nach gabh a thoirt gu buil, tuitidh gabhaltas na croite ann an staid far nach eil Tiomnad èifeachdach ann ("intestacy"). 'S e raon iom-fhillte dhen lagh a th' ann an còir-sheilbh air croit gun Tiomnad ann; uaireannan bheir e ùine mhòr airson faighinn gu fuasgladh. Aig amannan chan eil slighe air adhart soilleir ann a thaobh na còrach-seilbh, agus uaireannan bidh ùidh aig grunn bhuidhnean anns a' ghabhaltas. Faodaidh e a bhith daor cuideachd. Mur h-eil Tiomnad èifeachdach ann, is tric nach gluais a' chroit dìreach chun an neach ris an robh sibh an dùil no a bha fa-near dhuibh mar dhileabach. Mar sin tha e glè chudromach gu bheil plana còir-sheilbh ann airson ur croit.

Goireasan Fiosrachaidh Eile

Làrach-Lìn Coimisean na Croitearachd

Nach tadhail sibh air an làrach-lìn againn airson tuilleadh fiosrachaidh agus comhairle air a h-uile iarrtas rianachail gu h-àrd, nam measg: sònrrachadh, dì-chroitearachd, fo-mhàladh, às-mhàil ghoirid agus còir-sheilbh.

Fòn 01463 663439
www.crofting.scotland.gov.uk

Ur n-Uachdaran

Is minig a tha a' chiad chlàr dhen oighreachd aig an uachdaran fhèin. Faodaidh seo a bhith feumail ann am pròiseas clàradh na croite.

Maoineachadh bho Sheirbheis Comhairleachaidh nan Tuathanas

Tha cothrom aig croitearan a-nis air suas ri £1,000 de mhaoineachadh tro Sheirbheis Comhairleachaidh nan Tuathanas (FAS), gus stiùireadh speisealach fhaotainn air planadh còir-sheilbh – gun fheum air Plana Stiùireadh Fearann Amalaichte (ILMP) ro làimh.

www.fas.scot/succession-planning-crofting
Fòn 0300 323 0161



Seirbheis Co-Fhreagairt Fearann na h-Alba

Tha fiosrachadh aig Seirbheis Co-Fhreagairt Fearann na h-Alba air an fheadhainn a tha a' sìreadh cothrom ann an croitearachd. Faodaidh seo a bhith inntinneach do chroitearan ùra, 's e cuideachd na àite far an gabh cothroman a chlàradh.

www.slms.scot
Fòn 07741 902648

Comhairle Shaoranaich na h-Alba

Tha comhairle na seirbheis seo saor an-asgaidh, neo-eisimeileach, dìomhair, neo-phàirteach agus ri fhaotainn dhan a h-uile duine.

**Loidhne-Chuideachaидh an-asgaidh
0800 028 1456**

Institiud Rìoghail Fiùghanta Àiteachais na h-Alba (RSABI)

Ma tha draghan pearsanta sam bith ann mu chòir-sheilbh, faodaidh sibh bruidhinn ris an RSABI, 's iad gur stiùireadh a dh'ionnsaigh taic agus comhairle phroifeiseanta.

www.rsabi.org.uk
Fòn an-asgaidh 0808 1234 55

Comann Lagh na h-Alba

Tro Chomann Lagh na h-Alba, gheibh sibh fiosrachadh mu chùisean laghail cumanta agus mun taic a tha ri fhaotainn bho neach-lagha.

www.lawscot.org.uk/for-the-public
Fòn 01312267411





Coimisean na Croitearachd
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis, IV3 8NW

01463 663 439
info@crofting.gov.scot
www.crofting.scotland.gov.uk



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**